

## Ceann latha, An t-Sultain 15, 2021

### Cunntas

'S e prògram tàilleabhachd airson luchd ionnsachaidh meadhonach àrd a th' ann an Daltachas, fo rian Oifis Iomairtean na Gàidhlig.

Tha am prògram an dùil gun teid comas bruidhinn is tuigsinn nan oileanach a leasachadh tro chòmhradh, cainnt ghnàthasach, structaran gràmair agus modhan labhairt chultural na Gàidhlig.

Tha am prògram freagarrach air feadhainn a ràinig inbhe mar a chìthear gu h-àrd tro mhodhannan mar Ghàidhlig aig Baile, no doigh sam bith eile, mar féin ionnsachadh.

Tha Daltachas an dùil leasachadh a chur ri fileantachd an luchd ionnsachaidh, 'gan deasachadh airson prógraman nas adhartaichte, mar Bun is Bàrr agus Stòras a' Bhaile.

### Gnìomhachas

Bidh comainn Dhaltachais:

- Ag obair le stuth a bhuineas do sheanchas na h-Albainn Nuaidhe, mar sgeulachdan goirid, naidheachdan, òrain, eachdraidhean ionadail, gnàthasan cainnt agus seanchaidhean.
- A' stéidheachadh air tuigse an luchd ionnsachaidh a chuideachadh agus air an comas chum ionnsachadh na Gàidhlig a sgaoileadh; a' toirt asteach cainnt còmhradh, sgeulachdan goirid, séistean nan òran anns a' chomann agus ri cuid eile 'nan teaghlachan agus 'nan coimhearsnachdan.
- A' toirt asteach chuspairean làitheil, i.e. pàtrain sìde, tachartasan an ama, daoine ainmeil, gnìomhachas làitheil, gnàth-chùrsaichean agus nithean 's am bidh ùidh aca.
- A' toirt asteach chleasan agus gnìomhachais cho-obrachail agus ùrail a leasaicheas ionnsachadh càinain.
- A' stéidheachadh air structar gràmair na Gàidhlig.

### Buidhnean

Théid trì buidhnean air leth de Dhaltachan a chur air bhonn.

Cha bhi ach dusan anns gach buidheann agus àite do thrithead gu léir.

Theid seasain a chumail air loidhne tro Zoom.

Tòisichidh seasain gach seachdain san Fhoghar 2021, mairidh gach seisean trì uairean a thìde agus leanaidh iad fad 21 seachdain.

### **Modh iarrtais**

Feumaidh oidean litir iarrtais a chur gu Kelly.Shlay@nova.scotia.ca le:

- An ainm, an seòladh agus an àireamh-fòn.
- Mion-chunntas mu dheidhinn na dh' fhiosraich iad fhéin a thaobh an cuid Gàidhlig agus cultair, a' toirt asteach ionnsachadh tro Ghàidhlig aig Baile agus modhannan eile.
- Na dh' fhiosraich iad ann a bhith teagasg na Gàidhlig do dhaoine' òga agus inbhich, a' toirt asteach;
  - mar a chuireadh iad ri chéile seasan cànan a mhaireadh trì uairean an uaireadair.
  - eiseamplair gnìomhachais agus mar a filleadh iad cuspairean agus inbhe ionnsachaidh a bhiodh freagarrach air luchd-ionnsachaidh aig meadhain ìre.
  - eiseamplair air mar a ghabhadh iad ri diofar ìrean do luchd-ionnsachaidh.
- Mar a dhearbhadh iad adhartas ann an tuigse agus fileantachd an neach ionnsachaidh.
- Mar a bheireadh iad asteach seachas Albainn Nuaidh 'nan cuid teagaisg.
- Aon teisteanas sgrìobhte a dhearbhas an dreuchd teagaisg agus an cuid eòlais a thaobh dualchas Gàidhlig Albainn Nuaidh.

### **Ceann-Latha, An t-Sultain 15, 2021**

#### **Tuarasdal**

Gheibh oidean \$3,440. Bidh seo a' gabhail asteach teagasg agus deiseachadh airson na seisein gach seachdainn agus cunntas a sgrìobhadh aig a' cheann thall.

#### **Tuilleadh**

- Feumaidh oidean a dhol tro sgrùdadh na roinne dìblidh.
- Theid iarraidh air oidean cunntas goirid a chur asteach mun bhuidheann Daltachais aca.
- Bu chòir gum biodh eòlas aig oidean air Zoom, goireas air-loidhne.